

## Stiùireadh do bhuill is luchd-obrach air conaltradh poblach

### 1. Cò a bhruidhneas às leth MG ALBA bho latha gu latha?

Faodaidh na daoine a leanas bruidhinn às leth MG ALBA:

- an Cathraiche
- an t-Àrd-Oifigear, le comhairle a' Chathraiche
- oifigearan eile, le cead an Àrd-Oifigeir air na prìomh theachdaireachdan a tha iad am beachd cur an cèill
- Ramsay Smith, Media House, air comhairle a' Chathraiche agus an Àrd-Oifigeir

### 2. Cò eile a bhruidhneas às leth MG ALBA ann an suidheachaidhean sònraichte?

#### a) Le rabhadh ro làimh:

Ma gheibh duine cuireadh gu tachartas, co-labhairt, coinneamh no eile, bu chòir dhaibh:

- cead fhaighinn bhon Chathraiche (tron Oifigear Chorporra)
- bruidhinn ris a' Chathraiche mun teachdaireachd
- ma tha gnothach connspaideach ann, iarraidh an Cathraiche agus an t-Àrd-Oifigear comhairle air Media House agus thèid 'loidhne' aontachadh mus tèid duine sam bith an sàs ann an leithid a thachartais
- teacsa na h-òraid no brith a' chòmhradh a chur ann an fianais sgrìobhte, airson a' chlàir

#### b) Gun rabhadh ro làimh:

Ma thèid daoine a chur 'air an spot' aig coinneamh, no le neach-naidheachd, etc., bu chòir dhaibh:

- co-dhùnadh reusanta a dhèanamh a bheil cead a' Chathraiche a dhìth, no comhairle bho Media House no bhon Àrd-Oifigear
- cumail ris na 'loidhnichean' aontaichte
- fios a chur gun dàil chun a' Chathraiche, Oifigeir Chorporra is Àrd-Oifigear

### 3. Ann an sgrìobhadh:

Cha bu chòir do dhaoine sgrìobhadh gu pàipearan naidheachd, aiste fhoillseachadh, beachd fhàgail air an eadar-lìon, etc, gun chead bhon Chathraiche.

Thathas a' cur an cuimhne nam ball an stiùireadh "On Board", agus thathas ag iarraidh orra dèanamh soilleir anns gach suidheachadh sa bheil iad a' bruidhinn gu poblach an ann mar bhall MG ALBA a tha iad a' bruidhinn no as an leth fhèin le beachd pearsanta.

### 4. Luchd-obrach

Ni luchd-obrach MG ALBA mar an ceudna, ach ag iarraidh cead bhon Àrd-Oifigear.